

Beachd-smuain aon duine
chumhachdaich, Diùc
Albanaidh, tha Caisteal an Dùin
na shàr-àite gus rannsachadh a
dhèanamh air beatha Alba nam
meadhan-aoisean.

A' RANNSACHADH CAISTEAL AN DÙIN

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



A' RANNSACHADH LÀRAICHEAN EACHDRAIDHEIL



Loidhne-tìm

mu1340 Rugar Raibeart Stiùbhart, dàrna mac Raibeart II

deir.1300an Tòisichear air Caisteal an Dùin a thogail

1386 Cuirear Stiùbhart na Riaghladair air Alba

1398 Cuirear Stiùbhart na Dhiùc Albanaidh

1402 Bàs mac bràthar Albanaidh, fear-ionaid na cathrach rìoghail

1420 Bàs Albanaidh, aig aois 80

1424 Caisteal an Dùin an sealbh a' Chrùin; air a chleachdadh mar loidse-seilg rìoghail

1567 An caisteal fo shèiste an dèidh do Mhàiri Banrigh nan Albannach a crùn a leigeil dhith

1580 Tadhailidh Seumas VI Caisteal an Dùin

1746 Prìosanaich gan cumail aig Caisteal an Dùin leis na Seumasaich

1800an An caisteal na thobht

1883 Obair-chàraidh is ath-ùrachaidh ga dèanamh le Iarla Mhoireibh

1970 An caisteal air mhàl don stàit; nist fo chùram Alba Aosmhor

Tha Caisteal an Dùin deagh-glèidhte tarraingeach, suidhichte ann an àite cumhachdach ri taobh na h- aibhne. Beachd-smuain aon duine chumhachdaich, Diùc Albanaidh, tha an caisteal na shàr-àite gus rannsachadh a dhèanamh air beatha Alba nam meadhan-aoisean.

Cùl-sgeul Eachdraidheil

Tha e coltach gun robh daingeach air choreigin air làrach Caisteal an Dùin o chionn fhad an t-saoghail. Thig an t-ainm on fhacal 'dùn', a' ciallachadh daingeach aosta. Dh'aithnich na Ròmanaich cho cudromach is a bha an làrach a thaobh innleachd cogaidh, suidhichte air àird a chaidh a chruthachadh le comar Abhainn Teith agus Allt na h-Àrdach, agus thog iad daingeach fiodha faisg air làimh.

Gidheadh, thogadh an caisteal a chì sinn an-diugh mu dheireadh an 14mh linn. Tha e neo-àbhaisteach an Alba ri linn 's gur h-e an ìre mhath smuain is obair aon duine, Raibeart Stiùbhart, Diùc Albanaidh. Mac Raibeart II is bràthair Raibeart III, a bha car lag, tha Albanaidh cudromach ann an Alba an 15mh linn. Mar rìgh nach robh buileach na rìgh, b' e Albanaidh a bha a' riaghladh na h-Alba seach a bhràthair tinn 's bha e an teis-meadhain poilitigs na dùthcha fad mu leth-cheud bliadhna.

Is caractair connspaideach e Albanaidh. Bha e na uachdaran air iomadh tachartas eadar-dhealaichte, leithid stèidheachadh ciad oilthigh na h-Alba, Cill Rìmhinn, agus bàs amharasach fear-ionaid na cathrach rìoghail, Diùc Bhaile Bhòid, mac a bhràthar. Mar dhuine a bha measail air airgead a chosg, tha amasan Albanaidh a thaobh e bhith na rìgh rim faicinn an Caisteal an Dùin, a tha an ìre mhath a' leantail cruth caistealan rìoghail a latha.

Goirid an dèidh bàs Albanaidh an 1420, chaidh a mhac Murchadh is an rìgh a-mach air a chèile 's chaidh an caisteal a chur na ionad-còmhnaidh rìoghail le sreath de neachan-glèidhidh rìoghail ga chumail suas, tòrr dhiubh a bha càirdeach don teaghlach rìoghail Stiùbhartach. Bha Caisteal an Dùin measail aca mar loidse-seilg is ionad-còmhnaidh samhraidh.

Chaidh a chuid dìon a chur fo dheuchainn airson a' chiad uair an 1567 an dèidh do Mhàiri a crùn a leigeil dhith fo èiginn. Bha an caisteal fo shèiste fad trì latha aig nàimhdean Màiri agus sa cheann thall ghèill luchd-leantainn Màiri, leis a' chùmhann nach rachadh an caisteal a sgrios. Ri linn bliadhnaichean a' Chogaidh Shìobhalta a lean, is iomadh prìosanaich poilitigeach a chaith tìde sa chaisteal.

B' ann ri linn Ar-a-mach nan Seumasach ann an 1745 a chaidh an caisteal a chleachdadh mu dheireadh mar àite-cogaidh, nuair a chaidh àireamh de shaighdearan an riaghaltais a chur sa phrìosan an seo an dèidh Blàr na h-Eaglaise Brice. Theich sianar le bhith a' ceangal plaidichean- leapa 's gan leigeil fhèin sìos na ballachan os cionn a' chidsin.

Mean air mhean, chaidh an caisteal à feum. An 1883 chaidh a sgrùdadh, a chàradh is ath-ùrachadh gu mòr le Iarla Mhoireibh. Bha e air mhàl don stàit an 1970 's tha e nis fo chùram Alba Aosmhor.



Taic foghlaim agus teagaisg

Tha turas gu Caisteal an Dùin gu h-àraid iomchaidh don luchd- teagaisg a tha ag obair air cuspairean sgoile mar:

- Na Meadhan-Aoisean
- Caistealan
- Na Stiùbhartaich

Tha ceanglaichean cuideachd ri Màiri Banrigh nan Albannach agus na Seumasaich.

Tha an t-Curraicealam airson Sàr-mhathais ag amas air sgoilearan a bhrosnachadh agus dùbhlán a chur romhpa tro raon farsaing foghlaim. Tha ròl sònraichte aig turais gu làraichean ann a bhith a' ceangail buil an fhoghlaim thar a' churraicealam. Cuidichidh turas, agus cleachdadh stuth-taice, ann a bhith a' leasachadh:

luchd-ionnsachaidh soirbheachail le bhith a' cur dùbhlán ro sgoilearan smaoineachadh mu mar a dh'atharraich beatha dhaoine. Cuidichidh seo iad ann a bhith a' meòrachadh gu crìteach mu fhianais agus an co-dhùnadh fhèin a dhèanamh.

neachan misneachail. Ionnsachaidh sgoilearan mu ghnèithean de sheann-bheatha an coimhearsnachd, tuigidh iad atharrachaidhean sòisealta, cuiridh iad an luachan fhèin an cèill agus am beachd a thoirt seachad air diofar cheistean eachdraidheil is sòisealta.

daoine glìce ciallach. Cuidichidh e ann a bhith a' toirt barrachd tuigse do sgoilearan air rudan sòisealta is eachdraidheil, a' brosnachadh tuilleadh urraim do na tha mun cuairt orra de dh'eachdraidh agus do dh'obair-togail an latha fhèin.

daoine a bheir seachad fios gu h-èifeachdach le bhith a' leudachadh eòlas is tuigse sgoilearan tro smaoineachadh rannsachail, cruthachail agus crìteach.

Ron turas

- Tha e feumail ma bhios briathrachas a bhuineas ri caistealan aig sgoilearan oir nì seo deasbad air làraich nas fhasa. 'S dòcha gum bi faclan mar seo feumail: **lios, basgaid- teine, "yett", seòmar, staidhre shniomhnach, taigh beag, caisealachdan, àrd-ùrlar (dais).** Dh'fhaodadh sgoilearan faclair-sgoile le dealbhan a chur ri chèile a mhinicheas na h-ainmean seo is feadhainn eile.
- Gun a bhith a' dèanamh mion-sgrùdadh, is math is d' fhiach deasbad a thogail mu bhliadhnaichean tùsail uachdranachd nan Stiùbhartaich agus beatha 's ròl Raibeairt Stiùbhairt. Bidh e cuideachail ma thuigeas sgoilearan a cheangal ri rìghrean na h-Alba - athair, bhràthair is mac-bràthar athar.
- Cuidich sgoilearan tuigse nas fheàrr fhaighinn air an sgèile-tìm le bhith a' dèanamh loidhne-tìm leotha, a' cunntadh air ais 's gach linn is a' comharrachadh prìomh thachartasan ann an eachdraidh a' chaisteil. Ghabhadh cur ri seo an dèidh an turais.
- Tog deasbad mu structair beatha caisteil. Dh'fhaodadh sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air ròl nan 'urracha mòra': **stiùbhard, neach-glèidhidh/ maor-sìth, marasgal agus sagart/ministear.** Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn seo ann an leabhar Alba Aosmhor *Investigating Medieval Castles in Scotland*.
- Tha tòrr dheagh fhianaise air an làraich a bhuineas ri dìon is ionnsaigh chaistealan. Tog deasbad ri sgoilearan mun iomadh dòigh a tha ann seo a dhèanamh.
- Tha e doirbh do chuid de phàistean tuigsinn nach robh a-riamh ann an caisteal ach tobhta. Dèan deasbad mu mar a bheir gaoth is sìde buaidh air coltas togalaich cho math ris an iomadh atharrachadh a nì daoine air togalaichean a dh'aona ghnòthach a rèir mar a thèid an cur gu feum ùr.

Obair air an làraich

Agus iad a' rannsachadh a' chaisteil bu chòir sgoilearan a bhrosnachadh sùil chritigeach a thoirt air na chì iad agus teòraidhean a chur ri chèile 's fheuchainn, stèidhichte air fianais chruaidh. Seo puingean- tòisichidh feumail:

- Dè an stuth a chleachdadh gus an caisteal a thogail? Carson a thaghadh seo? A bheil stuth a dh'fhaodadh a bhith air a ghrodadh neo a chaidh a ghoid on àm sin?
- An dùil gum b' e seo coltas an t-seòmair o thùs? Am faic thu àite sam bith san deach atharrachadh? Carson a rachadh atharrachadh?
- Dè fianais a tha ann air beatha làitheil?

Faodaidh sgoilearan fianais a chlàradh le bhith a' sgrìobhadh nòtaichean, a' breacadh dhealbhan, a' gabhail dealbhan-camara 's a' clàradh rudan air teip.

Air làrach-lìn Alba Aosmhor, www.historic-scotland.gov.uk/education_unit gheibh luchd-teagaisg goireasan a bharrachd mar thaic air obair air làraich. Nam measg seo tha a bhith a' cur ri chèile *Clàr Fianaise agus Clàr Mo Bheachdan Fhèin*.

Molaidhean-obrach an dèidh an turais

An dèidh an turais faodaidh sgoilearan na fhuair iad a-mach a chur còmhla gus clàr nas coileanta a dhèanamh air a' chaisteal. Dh'fhaodadh seo a bhith mar bhunait do raon ghnìomhan-taisbeanaidh, leithid:

Leabhar-treòir neo bileag do luchd-tadhail eile

Taisbeanadh shleamhnagan le aithris mun turas aca

Sgrìobhadh macmeanmail stèidhichte air beatha nan daoine a bha a' còmhnaidh 's ag obair sa chaisteal - eadhon prìosanach.

Sreath de dhràma-an a' sealltainn sealladh goirid de bheatha sa chaisteal tro na linntean.



Air lorg Dhiùc Albanaidh

Treòirichidh an turas a mholar thu fhèin is do sgoilearean mun cuairt a' chaisteil a chor is gum faighear a-mach uiread 's a ghabhas mu Dhiùc Albanaidh 's mar a bha e beò.

An dèidh an ro-ràdh, chan eil e gu diofar dèn t-òrdugh san tadhail thu gach àite, 's mar sin is dòcha gum bu mhath leat do chlas a roinn ann am buidhnean le h-inbhich air an ceann 's gun tòisich iad aig diofar ìre.



An dèidh bruidhinn ris an stiùbhard, molamaid gun tadhail thu na h-àiteachan seo, comharraichte air a' phlana air dheas:

1. Taobh a-muigh a' Chaisteil
2. An t-Slighe-Steach
3. An Lios
4. An Cidsin
5. An t-Seòmar-Leapa
6. An Talla Mòr
7. Talla an Diùc
8. Talla na Ban-diùc
9. Air a' mhullach


Tha cùl-fhiosrachadh ga thoirt seachad sa phasgan do gach àite. Tha e sgrìobhte ann an cànan sìmplidh chor is gun leughar a-mach do sgoilearan e mas math leat. Cuideachd thathar a' moladh ceistean-deasbaid.

Bheir an turas mu 45 mhionaid.


Plana Caisteal an Dùin



Ciad làr



Dàrna làr



Làr ìseal



Robh fhios agad...

Bha aonan air fhichead de chloinn aig Rìgh Raibeart III!

Nòtaichean turais: air lorg Dhiùc Albanaidh

Taobh a-muigh Caisteal an Dùin

An ciad shealladh

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach ro-làimh.

- Rachamaid air ais còrr is 600 bliadhna. Tha e mun bhliadhna 1400. Aig an àm seo bha Caisteal an Dùin ùr. B' e fear de na caistealan a bu tarraingiche an Alba.
- Taobh a-staigh a' chaisteil bha Diùc Albanaidh. 'S e Raibeart Stiùbhart a b' ainm dha. B' esan bràthair Rìgh Raibeart III. Bu tric an rìgh fo thinneas, 's mar sin b' e an Diùc a bha a' riaghladh na àite, mar Riaghladair na h-Alba.
- Bha Raibeart, Diùc Albanaidh, airson a bhith na rìgh ceart agus thogadh a chaisteal a rèir stoidhle lùchairt rìoghail. Chosg e tòrr airgid air an caisteal a dhèanamh grinn agus dh'aithnich daoine e mar 'An t-Struidhear Mòr'.
- Tha fhios gun robh e doirbh a bhith mar Dhiùc Albanaidh. Bha esan ri obair chruaidh an rìgh, a' dèanamh cho-dhùnaidhean doirbh - ach cha robh còir aige 'rìgh' a thoirt air fhèin neo suidhe air a' chathair rìoghail.
- Chaidh an caisteal a thogail cho math is cho mòr 's bha Diùc Albanaidh cho eagalach is cho cumhachdach 's gur gann a thugadh ionnsaigh air a' chaisteal.
- An dèidh bàs Dhiùc Albanaidh an 1420, bha an caisteal mar sheòrsa de thaigh-samhraidh don teaghlach rìoghail Albannach. Rachadh iad a shealg às a' seo.
- Sna 1700an chleachdadh e mar phrìosan 's chumadh 150 saighdear an seo. Theich sianar dhiubh le bhith a' ceangal plaidichean-leapa 's gan leigeil fhèin sìos on uinneig!
- Mean air mhean chaidh e na thobht ach chaidh cuid dheth ath-ùrachadh sna 1800an. An-diugh 's e ionad-turasachd a th' ann - 's uaireannan cleachdar ann am fiolmaichean e. Na thobht an-diugh, fairichidh tu fòs cò ris a bhiodh e coltach o chionn 600 bliadhna. Agus is cinnteach gu bheil e tòrr nas sàbhailte tadhail san latha a th' ann...



Caisteal an Dùin o dheas



Robh fhios agad...

Bha e math a bhith nad charaid do Dhiùc Albanaidh - fiù an dèidh a bhàis! Seo mar a sgrìobh cuideigin mu dheidhinn an dèidh a bhàis: 'B' e Albanaidh an duine bu fhoighidinnich, coibhneil socair, labhrach càirdeil, a fhritheil fèistean gach latha, fear a chosg a chuid, is a bha falaidh ri strainnsearan'. An dùil am faodamaid daonnan earbsa a chur ann an cur-sìos mar seo?



Caisteal an Dùin o thuath



Taigh beag air a' bhalla an iar

Suidheachadh 1: Taobh a-muigh a' chaisteil

Seas le d' aghaidh ris a' chaisteal, air a' chadha on ionad-parcaidh.

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Tha sinn a-nis a' tighinn dlùth ri caisteal Dhiùc Albanaidh. Innsidh tòrr rud gur e seo caisteal duine glè bheirteach cumhachdach. Tha sinn a' dol a dh'fheuchainn ris na rudan sin a lorg feuch dè dh'innseas iad dhuinn mu dheidhinn.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhith</i>
<p>Sna seann làithean, is beag togalaichean a bha na b' àirde na aon làr.</p> <p>Cia mheud làr a th' aig a' chaisteal?</p> <p>Ciamar a dh'fhairicheadh daoine cumanta nan coisicheadh iad suas chun a' chaisteil sna seann làithean?</p>	<p>Trì làr agus làr sa mhullach.</p> <p>Glè bheag; eagal orra is dòcha.</p>
<p>Dh'fhuirich Diùc Albanaidh le theaghlach sa phrìomh tùr. An obraich thu a-mach dè na seòmraichean aca?</p> <p>An dùil carson nach eil tuilleadh uinneagan mòra sa bhalla seo?</p>	<p>Seallaidh uinneagan mòra far an robh an seòmraichean.</p> <p>Nì uinneagan an t-seòmair nas fhuaire agus cuideachd am balla nas laige.</p>
<p>Bha Diùc Albanaidh glè ùr-ghnàthaichte. Bha tòrr thaighean beaga na chaisteal - rud ainneamh sna làithean sin. Theirteadh clòsaidean latrine riutha.</p> <p>Seall air an tùr air taobh clì an dorais. An obraich thu a-mach dè na h-uinneagan a tha sna seòmraichean le clòsaidean?</p> <p>San tùr chruinn san oisean, chì thu fuigheall clòsaid Dhiùc Albanaidh 's i stòite on bhalla!</p>	<p>Uinneagan beaga bìodach air an tùr.</p>
<p>Rinn Diùc Albanaidh taghadh faiceallach 's e a' togail a chaisteil. Chaidh a dhealbh chor is gum biodh e doirbh ionnsaigh a thoirt air is furasta dhìon.</p> <p>Cia mheud dòigh a chì thu a dhèanadh e furasta a dhìon is doirbh ionnsaigh a thoirt air?</p> <p>Ciamar a bheireadh tu ionnsaigh air?</p>	<p>Air àirde - deagh àite-faire. Chitheadh tu an nàmhaid a' tighinn.</p> <p>Dìg ceithir-thimcheall air a' chaisteil.</p> <p>Bhiodh e doirbh don nàmhaid dol tarsainn air seo.</p> <p>Caisealachdan àrda ceithir- thimcheall a' chaisteil. Chitheadh fir-faire an nàmhaid a' tighinn 's bhiodh e nan comas losgadh orra o shuas.</p> <p>Ballachan cruaidhe àrda cloiche. Doirbh a bhriseadh sìos is doirbh a dhìreadh.</p>

Rach is seas taobh a-staigh den gheata.



Robh fhios agad...

B' e an Neach-glèidhidh dìreach aonan de stiùirichean cudromach an Diùc. Feadhainn eile b' e an Stiùbhard, a bha os cionn a' chaisteil is nan sgalagan; am Marasgal, a bha os cionn conaltraidh is còmhaidh, agus an Sagart/Ministear, a bha os cionn cùisean spioradail a' chaisteil. Dh'fhaodadh còrr is 200 sgalag a bhith ag obair an seo 's an Diùc aig an taigh.



An "yett" agus an doras

Suidheachadh 2: An t-Slighe-Steach

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- 'S e slighe-steach caisteil am pàirt is laige daonnan. Bhiodh e tòrr na bu làidire mura robh doras ann - ach ciamar a gheibhte a-steach? Agus sinn a' dol ann, coimhead a-mach airson nan dòighean diofraichte a bhiodh Diùc Albanaidh is a gheàrdan a' dìon an t-slighe-steach.
- Agus tu a' tighinn suas don doras, bhiodh is dòcha buidheann gheàrdan a' cumail sùil ort. **Coimhead airson gach àite san seasadh iad.**
- 'S e rud ùr a tha san doras fhiodha a chì thu nist, ach tha e coltach ris an fhear a bh' ann. Buinidh an geata meatailte air a chùl ri linn Dhiùc Albanaidh. 'S e "**yett**" a theirear ris.
- Far a bheil am bùth a-nis bhiodh seòmar nan geàrdan. **An lorg thu an uinneag bheag às an toireadh iad sùil ort?**
- 'S dòcha gun do dh'fhuirich **Neach-glèidhidh** a' chaisteil san tùr seo. Bha esan os cionn tèarainteachd a' chaisteil.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhìth

Seall air an "yett". Tha cumadh neònach air. An dùil carson a tha beàrn ann?
An dùil carson a tha e dèanta le meatailte?

'S dòcha gu doras nas lugha taobh a-staigh an "yett"
Gus a dhèanamh nas làidire; cha ghabhadh a losgadh no a sgoltadh gu furasta.

Seall suas dìreach mun tèid thu tron yett. Am faic thu sliotain os do chionn? An dùil carson a bha seo ann?

Sheasadh luchd-dìon san t-seòmar os do chionn, deiseil losgadh ort o shuas.

Tha claon a' dol suas an seo. An dùil carson nach d' rinn iad còmhnaid e?

Tha dìon nas fhasa mas ann aig bàrr a' chnuic a tha thu.

Cia mheud doras no geata a dh'fhosgladh gus do leigeil a-steach? Lorg fianais san trannsa.

Co-dhiù 3 - an geata fiodha, an "yett" agus is dòcha geata eile aig slighe-steach na liosa - chì thu fuighill nan lùdagan.

An dùil carson a tha a liuthad dhiubh ann?

Airson tèarainteachd.

An dùil carson a bha Diùc Albanaidh cho mòr airson 's gun cumadh e daoine a-mach às a chaisteal?

Bha e glè chumhachdach - agus bhiodh cuid iadach air seo. Bhiodh iad airson a mharbhadh chor 's gum biodh iad fhèin cumhachdach.

Gabh ceum a-steach don lios. Seas ris an tobar.



Robh fhios agad...

Sna seann làithean dh'òl a h-uile duine lionn - fiù na pàistean! Dhèanadh grùdaire a' chaisteil seòrsa de lionn lag, a rachadh òl leis a h-uile duine. Bha e na bu shàbhailte na uisge dìreach on tobar, a dh'fhaodadh a bhith truaille. Dh'òladh Diùc Albanaidh agus a chàirdean fion o thall thairis lem biadh.



Spùtan-uisge snaighte



An tobar

Suidheachadh 3: An Lios

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Tha sinn a-nis ann an lios Caisteal an Dùin. Sna seann làithean bhiodh seo na àite trang. Bhiodh ceàrdlann ris na ballachan agus stàbaill each. Bhiodh sgalagan a' giùlain rudan chun nan cidsinean is air ais, daoine a' giùlain uisge agus is dòcha cearcan is coin a' ruith mun cuairt cuideachd. Bhiodh fàileadh an arain ann agus fuaim cruidhean each air na clachan-muile.
- Tha a' chuid is motha de na togalaichean air aon taobh den lios a-mhàin, oir chaochail an Diùc mun deach an caisteal a chrìochnachadh. 'S dòcha gun robh plana aige bloc eile de sheòmraichean a thogail, no is dòcha caibeal sa bhalla mu choinneamh an dorais. Dè do bheachd?

<i>Spregadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhith</i>
Seall sìos san tobar. Tha mu 20m a dhoimhneachd ann. Am faic thu an t-uisge? Cò às a thig e?	Thig e is dòcha às an abhainn.
An dùil carson a bha e cudromach gum biodh uisge ri fhaotainn anns a' chaisteal?	Nan cuartaichear an caisteal, bhiodh fhathast uisge aig na daoine a-staigh.
Am faic thu fianais sam bith gun robh togalaichean taobh a-staigh na liosa? An dùil ciamar a chleachdadh iad seo?	Bun-stèidh ìseal cloiche air taobh clì a' gheata. Stàbaill is dòcha, ceàrdlann; is dòcha taigh-grùdaidh.
Seall air an tùr dlùth ris an tobar. Am faic thu clachan a' tighinn a-mach às balla an tùir an seo? Saoil dè th'annta?	Is dòcha ciad phìosan togalaich eile a-staigh sa bhalla nach deach a chrìochnachadh a-riamh.
Seall suas staidhre an tùir. Am faic thu cinn ainmhidhean snaighte?	Leòmhainn is mucan 's mar sin snaighte à cloich.
Dè na h-ainmhidhean a chì thu?	
An dùil carson a tha iad seo ann?	Spùtan-uisge gus am mullach a shìoladh.

Seall sna seilearan. An seo chì thu taisbeanaidhean mun chaisteal agus mu Dhiùc Albanaidh.

- Seo seilearan is seòmraichean-stòrais a' chaisteil. Sna làithean gun chisteachan-reòthadh 's a leithid, bha aig daoine ri dòighean a lorg biadh a chumail air feadh a' gheamhraidh gun a ghrodadh. Ghabhadh feòil is iasg a thiomachadh no a chur fo shalann, rachadh cuid de mheasan is ghlasraich a chur am picil, lusan a bhith crochte o na cabair 's air an tiomachadh. Chleachd daoine beairteach mar Dhiùc Albanaidh spìosraidhean o thall thairis feuch an cuireadh iad blas bìdh nach robh ro mhath am falach!
- Bha tòrr fearainn aig an Diùc san sgìre. Bheireadh e fearann gu tuathanaichean air mhàl. Seach a bhith a' pàigheadh le airgead, dh'fhaodadh na tuathanaichean am màl a phàigheadh le pòcanan coirce no bàir eile, no le beathaichean fiù.
- Cuideachd chumadh e buidheil is baraillean fion a thugadh a-steach on Fhraing.

Thig às na seilearan. Tionndaidh air dheas suas an staidhre gu tùr a' chidsin.



Robh fhios agad...

Bhiodh e mar obair gille seasamh san teallach a' tionndadh bior meatailte air an robh an fheòil ga ròstadh. B' esan an 'turnbrochie'. Obair theth!



Teallach sa chidsin



Saidsean-frithealaidh sa chidsin



Dealbh tarraingte de thùr a' chidsin

Suidheachadh 4: An Cidsin is an t-Ionad-Frithealaidh

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Dè an t-seòmar sa bheil sinn a-nis? An cidsin. Feumaidh tu ath-thogail nad mhacmeanmainn.
- Bhiodh e glè theth is làn deataich is smùid. Dè na fuaimean a chluinneadh tu? Dè na fàilidhean? Bhiodh an còcaire is a sgalagan trang a' sgoltadh ghlasraich is a' deasachadh bidh air bùird mhòra air steilleanan. Bhiodh an t-seòmar laiste le lòchrainn lasrach air a' bhalla no le coinnlean air na bùird. Bhiodh am fuineadair ri aran a bhèicearachd sna h-àmhainnean 's bhiodh gillean is nìghneagan trang a' giùlain uisge am bucais suas an staidhre on tobar.
- Sna seann làithean bhiodh teine mòr a' losgadh san teallach nuair a bha an Diùc aig an taigh. Seas san teallach. Smaoinich air na bhiodh a dhìth ort de dh'fhiodh gus teine mòr a chur air dòigh an seo. Seo far an rachadh am biadh a bhrùich. Is dòcha cuideachd gum biodh sgeilpichean san t-similear aca airson biadh mar mhuc-fheòil rùisgte no iasg a dheatachadh. Seall air an làr gus an lorg thu far an tilgeadh iad an t-uisge salach air falbh.
- Mu choinneamh an teallaich chì thu na th' air fhàgail de na clachan air bonn nan àmhainnean a chleachdadh gus aran, maragan is pàidheanan a dhèanamh.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Tha an cidsin seo diofraichte o na th' againn an-diugh - ach tha rudan bunaiteach mar is ceudna. Dè lorgas tu a tha mar is ceudna?

Dè tha diofraichte?

An smaoinich thu air co-dhiù trì dòigh sam biodh na còcairean air am biadh a dhèanamh thar an teine?

Seall mun uinneig mhòir. An lorg thu far an geuraicheadh an còcaire a chuid sgeinnean?

Tha dà sgeilp mhòr chloiche eadar an cidsin is an talla. An dùil dè feum a chuireadh orra seo?

Bhiodh an cidsin glè dheatach is theth 's e trang. Seach an t-similear, an lorg thu àite san rachadh an deatach a-mach?

An smaoinich thu air cuid a dh'obraichean a dhèanadh daoine sa chidsin nach eil againne ri dhèanamh tuilleadh?

Freagaritean a tha a dhìth

Mar is ceudna: àite-còcaireachd, àite-glanaidh, àite far an rachadh biadh a chumail 's a dheasachadh.

Diofraichte: gun ghasa no dealain, gun uisge ruith; cidsean tòrr nas motha na an àbhaist.

Cnapan mòra feòla air an ròstadh air bior meatailte.

Biadh a bhrùicheadh ann an sgeileidean thar an teine - stiùbh is brot.

Fraighigte an sgeileidean thar an teine.

Air a dhèanamh san àmhainn fo theas.

Riantan mòra gearrte air na clachan ri taobh na h-uinneige.

Sgeilpichean-frithealaidh. Chuireadh biadh a bha deiseil an seo airson a thoirt troimhe don talla.

Còig toll beag sa mhullach-a-staigh gus deatach, fàileadh is teas a tharraing a-mach.

Uisge is connadh fhaighinn, aran a dhèanamh, ainmhidhean a fheannadh.

Gabh a-mach don ionad-frithealaidh. Gabh suas an staidhre cho fada 's is urrainn dhut gu ruige an t-seòmar-leapa aig a' bhàrr.



Robh fhios agad...

Cha do thadhail Màiri Banrigh nan Albannach Caisteal an Dùin a-riamh. An dèidh a crùn a leigeil dhith fo èiginn, bha cogadh an Alba. Bha neach-glèidhidh a' chaisteil, Tighearna an Dùin, fo amharas gun robh e a' cumail taice ri Màiri san dìomhaireachd, 's mar sin chaidh an caisteal a chuartaichadh - an ciad uair a chaidh e fo shèiste. An dèidh sèiste a mhair trì latha, ghèill an Tighearna ach leis a' chùmhntach nach rachadh an caisteal a sgrìos. Nach buidhe dhuinne an-diugh nach deach!



Seòmar-leapa



Cùlaist crùisgein

Suidheachadh 5: An t-Seòmar-Leapa

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Canar Seòmar-leapa Màiri Banrigh nan Albannach ri seo - ach tha e coltach nach do thadhail i Caisteal an Dùin a-riamh! 'S dòcha gum b' e seo seòmar a bharrachd do luchd-tadhail Dhiùc Albanaidh.
- Tha e lom a-nis, ach sna làithean sin bheireadh mòran luchd-tadhail mòrail an cuid àirneis fhèin leotha!

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Tha tòrr rud ri lorg san t-seòmar-sa. An lorg thu: àite far an cuir luchd-tadhail an gnothaichean sgeilp do chrùisgean clòsaid latrine seòmar-leapa fa leth	dà chùlaist sa bhalla mu choinneamh an teine air taobh deas an teine an t-seòmar beag air chli an t-seòmar beag air dheas
An dùil am biodh tu cofhurtail a' fuireach an seo?	'S dòcha - tòrr rùm, seallaidhean math, do ghoireasan fhèin, teallach mòr.
Tha an t-seòmar-sa os cionn nan cidsinean. An dùil an e rud math no dona a bhiodh ann an seo?	Math - thigeadh blàths suas on t-similear mhòr mhòr sa chidsin (eadar an dà sheòmar bheag an seo) Dona - tòrr fuaim is fàileadh!

Gabh air ais air an staidhre is thig a-mach san ionad-frithealaidh a-rithist.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Seall suas. Am faic thu clachan a' tighinn a-mach às a' bhalla?	
An dùil carson a bha iad seo ann?	Taic do shailean.
Dè dh'innseas iad dhuinn mun tùr seo?	Bhiodh dà làr a bharrachd os cionn an ionad-fhrithealaidh – tuilleadh àiteachan-fuirich do luchd-tadhail is dòcha.

Gabh troimhe don talla. Seas gu dlùth ris a' bhasgaid-teine ann am meadhan an talla.



Robh fhios agad...

B' iad an Diùc 's na h-aoiighean aige a gheibheadh am biadh an toiseach. Bheirte tòrr a bharrachd na bha a dhìth orra. Nuair a gheibheadh iad gu leòr, rachadh na bha air fhàgail a thoirt do na h-aoiighean cudromach eile. Nuair a gheibheadh iadsan na bha dhìth orra, rachadh na criomagan a thoirt don ath bhòrd, is mar sin air adhart. Sa cheann thall bheireadh na sgalagan na cnàmhan do choin a' chaisteil!



An Talla Mòr



Galaraidh an Luchd-Ciùil air ath-ùrachadh

Suidheachadh 6: An Talla Mòr

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Seo an t-seòmar is mòraile sa chaisteal gu lèir. An Talla Mòr. 'S ann an seo a bhiodh Diùc Albanaidh ri fìor fhearas-mhòr. An seo bhiodh fèistean, fèistean agus coinneamhan mòra ri daoine cudromach.
- Chaidh ath-ùrachadh gu ìre, ach feumar tuilleadh ath-ùrachaidh a dhèanamh nad inntinn. Sna seann làithean bhiodh tapastraidhean is obair-ghrèis crochte ris na ballachan, gu blàths agus gu maiseachd. Bhiodh luachair is rugan air an ùrlar. Ri linn nam fèistean bhiodh bùird fhada air steilleanan le beingidhean airson nan aoiighean. Dh'itheadh an Diùc 's na h-aoiighean cudromach à soithichean airgid; dh'itheadh càch à soithichean fiodha no meatailte, agus rachadh criomagan bìdh a thilgeil chun nan con.
- Bhiodh luchd-ciùil - oirfidich (**minstrels**) - ri ceòl ri linn fèiste ann an galaraidh àraid. Am faic thu an galaraidh seo? (àrd-ùrlar fiodha aig ceann an iar an talla). Chaidh ath-thogail o àm Dhiùc Albanaidh.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhìth

Am meadhan an t-seòmair chì thu basgaid mhòr mheatailte. An dùil ciamar a rachadh seo a chleachdadh?

Gu teine - blàths is solas.

Dè nach biodh ro mhath mu dheidhinn seo?

Dh'fhaodadh e a bhith car deatach.

Am faic thu dè thachradh don deatach?

Rachadh deatach suas tron toll-deataich sa mhullach.

An dùil càite an suidheadh Diùc Albanaidh?

Air an àrd-ùrlar bheag aig ceann thall an t-seòmair.

Carson a b' e seo an t-àite a b' fheàrr?

Chitheadh e a h-uile duine 's bhiodh deagh shealladh aige den luchd-ciùil cuideachd.

Solas soilleir on uinneig.

Fo ghalaraidh an luchd-ciùil bha àrainn àraid fa leth air cùl sgàilein far an toireadh na sgalagan fion is lionn seachad.

Saidse san ùrlar a rachadh sìos a dh'àrainn nan seilearan far na liosa.

Seall gu dlùth ris an àrainn seo. Am faic thu cò às a gheibheadh iad am fion?

Saidse san ùrlar a rachadh sìos a dh'àrainn nan seilearan far na liosa.

Seall le faiceall air taicean a' mhullaich. A bheil cuideigin a' coimhead ort?

Aodainn snaighte air cinn nan sailean sa mhullach.



Robh fhios agad...

Chaidh an àirneis a chì thu a dhèanamh sna 1800an 's mar sin cha bhiodh i ann ri latha Dhiùc Albanaidh. Ach tha deagh sgeul ann mu cò às a thàinig i. Bhiodh craobh mhòr a' fàs taobh a-muigh a' chaisteil. Sna seann làithean rachadh eu-coirich a chrochadh oirre, 's mar sin 's e Craobh a' Chrochaidh a chanadh iad rithe. Dà cheud bhliadhna air ais thuit a' chraobh leis a' ghaoith - agus chaidh an àirneis seo a dhèanamh den fhiodh.



Teallach dùbailte ann an Tallan an Diùc

Suidheachadh 7:Talla an Diùc

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Seo seòmar mòrail eile. Chaidh a mhaiseachadh sna 1800an 's an-diugh chan eil sinn cinnteach am b' ann mar seo a bhiodh e ri latha Dhiùc Albanaidh.
- B' e seo seòmar na bu phrìobhaidiche don Diùc. Chumadh e coinneamhan no pàrtaidhean nas lugha an seo. 'S dòcha gun caidleadh e ann - mar sin feumar smaointinn air na laighe air leabaidh mhòr cheithir-stobach. Bheireadh e seo leis 's e a' siubhal chor is gum biodh a chadal cofhurtail. 'S dòcha gun cumadh e coinneamhan 's e na laighe na leabaidh fiù!
- Seall air na sgiathan air a' bhalla. B' iad seo samhlaidhean teaghlaidhean cudromach uile na h-Alba. Chaidh iad seo a chur ris sna 1800an, ach dh'aithnicheadh an Diùc a h-uile teaghlach a bh' ann, cò dhiubh bu chàirdean 's cò bu nàimhdean dha.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Tha an teallach seo glè neo-àbhaisteach - teallach dùbailte. An dùil carson a tha dà theallach taobh ri taobh?

An dùil ciamar a bha fios aig eachdraichean nan 1800an agus feadhainn ar latha-ne mu ciamar a bu chòir togalaichean ath-ùrachadh?

Bidh sinn fòs a' cleachdadh sgiathan an-diugh. An dùil càite am faiceadh tu sgiath?

An dùil carson a bha iad gu h-àraid feumail sna seann làithean, àm nach robh comas leughaidh aig na h-uidhir a dhaoine?

Freagairtean a tha a dhìth

Dòigh air smachd a chumail air an teas is dòcha - dh'fhaodadh tu an teine a 'thionndadh' suas no sìos le bhith a' cur aon no dhà theine air dòigh.

Le sùil a thoirt air togalaichean eile on aon àm; dealbhan, leabhraichean is litrichean on àm sin; àirneis is rudan eile on linn ud. Is tric nach eil fhios aca idir - feumaidh iad tomhais a dhèanamh a tha stèidhichte air fianais latha eile.

Suaicheantas sgoile.

Bha iad coltach ri suaicheantais sgioba chor 's gum biodh fhios aig a h-uile duine cò na daoine cudromach is an luchd-leanmhainn.



Dealbh tarraingte de Thalla an Diùc

Suas an staidhre tha seòmar an Diùc - a sheòmar-cadail ceart. Cum ort suas an staidhre gu ruige Tallan na Ban-diùc.



Robh fhios agad...

Bha Mairead Ghreumach i fhèin na boireannach beairteach. Phòs i ceithir uair 's chaidh a sgaradh aon turas - rud ainneamh sna làithean sin. Phòs i a ciad fhear-cèile aig aois 14. B' e Diùc Albanaidh a ceathramh fhear-cèile, 's am fear mu dheireadh.



Na th' air fhàgail den chaibeal

Suidheachadh 8: Talla na Ban-diùc

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Dh'ainmichear bean an Diùc mar Bhan-diùc Albanaidh. B' e Mairead Ghreumach a b' ainm dhi agus bha i glè bheairteach cuideachd, le tòrr fearainn mun cuairt na sealbh. Gu duilich, chaochail i mun deach an caisteal a thogail, ach bhiodh mnàthan latha eile air feum a chur air an talla-sa 's na seòmraichean-leapa mun cuairt air.
- Seo Talla na Ban-diùc. Tha e den aon mheud 's a tha an talla sin fodhainn 's bhiodh e maisichte gu h-àlainn cuideachd.
- Bhathar an dùil gum biodh boireannaich glè chràbhach sna làithean ud, 's mar sin bha a caibeal prìobhaideach fhèin aig a' Bhan-diùc na talla. Bhiodh cead aig a sgalagan, no a maighdeanan-cobhrach, na seirbheisean eaglais a choimhead. An lorg tu an àrainn-sa? (cùlaist san uinneig mheadhanaich)

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhìth

Lorg an t-àite far am biodh an caibeal prìobhaideach. An lorg thu an sinc shònraichte far an rachadh soithichean is cupanan na seirbheis a sgoiladh?

Sinc bheag a' tighinn a-mach à balla na liosa.

Lorg an t-àite as an cumadh na rudan airgid seo nuair nach robhar gan cleachdadh.

Cùlaist triantanach os a cionn a chumadh soithichean airgid.

An lorg thu fianais sam bith nach robh am mullach a-staigh daonnan far a bheil e nis?

Clachan a' tighinn a-mach às na ballachan, is dòcha mar thaic do làr eile.

An dùil cò chadail san làr shuas?

Sgalagan - is dòcha gun caidleadh iad air an ùrlar.



Did you know...

Bu tric a bha taigh-chalman aig caistealan mar Chaisteal an Dùin - 'doocot'. B' e seo togalach àraid as an cumar calmain. Gheibhte feòil ùr is uighean air feadh mìosan a' gheamhraidh.



Sealladh an iar on mhullach



Sealladh gu tùr a' chidsin on mhullach

Suidheachadh 9: Air a' mhullach

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Às seo choimheadadh Diùc Albanaidh thairis air a chuid fearainn. Chitheadh e cò bha a' tighinn, dè bha daoine ris agus, nas cudromaiche buileach, chitheadh iadsan esan. Chitheadh a h-uile duine san àite Caisteal an Dùin, 's chumadh iad cuimhne air an duine chumhachdach a thog e 's a dh'fhuirich ann.
- Am faic thu bratach Alba Aosmhor air bàrr an tùir? Sna seann làithean bhiodh seòrsa de theallach an seo ris an canar 'basgaid teine-rabhaidh'. An àm na h-èiginn, rachadh teine a lasadh an seo gus comharradh a sgoileadh fad is farsaing.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhith

Faodar smaoinichadh air fir-faire suas an seo. Càite an seasadh iad?

An lorg thu fianais sam bith gur dòcha gum biodh buill-airm aca?

An dùil carson am b' e seo deagh àite caisteal a thogail?

Bha tòrr fearainn mun chaisteal an sealbh an Diùc. Dè tha ri fhaicinn fhathast an-diugh a bhiodh feumail dha air an fhearann?

Tha an talamh air atharrachadh gu mòr on àm sin. Dè chì thu a-nis nach fhaiceadh an Diùc?

Ris na caisealachdan, ann an tùr 'poit-piobair' sa cheann.

'Sliotain' cloiche tron loisg thu.

Dlùth ris an abhainn – feumail gu còmhhdail.

Air a chuartaich le fearann math gu obair-thuathanais.

Air àird - deagh sheallaidhean ceithir-thimcheall ort chor is gum faiceadh tu cò bha a' tighinn.

Craobhan - fiodh gu togail; agus mar chonnadh

Bàrr a' fàs sna raointean -biadh agus stuth gu lionn

Connlach à bàrr is luachair on abhainn - còmhhdach ùrlair

Ainmhidhean sna raointean -feòil ri ithe; seichean airson leather; clòimh a shnìomhar gu snàthlainn 's gu aodach lasg on abhainn gu biadh

Eunlaith ag itealaich timcheall -rachadh an glacadh 's an ithe

Tuathanas-gaoithe sna cnuic

Rathaidean le teàrr is càraichean

Comharraidhean dealain

Taigheadas an latha an-diugh 's mar sin.

Dèan slioghe sìos an staidhre is air ais don lios. Tha an turas treòirichte seachad a-nis.

Ma cheadaicheas an tìde, tha e taitneach coiseachd sìos ri taobh na h-aibhne air a' chadha mu dheas air a' chaisteal, no dìreach cuairt a ghabhail timcheall air a' chaisteil.



CnCa

C Dè an àireamh is lugha de dh'ìnbhich a tha dhìth airson stiùiridh?

F 1 inbheach do 10 sgoilear.

C An gabh turas treòraichte a chur air dòigh?

F Faighnich 's tu ga chur air dòigh.

C A bheil e so-ruigsinneach do chiorramaich?

F Gheibh cathair-chuibhle a-steach don lios is do na seilearan. Cha ruigear pàirtean eile a' chaisteil ach air ceumannan cloiche.

C A bheil goireasan bìdh ann?

F Faodar ithe a-muigh air neo fàsgadh fhaighinn sa chaisteal ri linn droch shìde.

C Càite bheil na taighean beaga?

F Tha taighean beaga ri taobh an ionad-parcaidh mun tig thu a-steach don chaisteal.

C An dèan sibh measadh-cunnairt air sgàth nan sgoiltean?

F Tha seo fo chùram an neach-teagaisg a tha mar cheann air a' bhuidheann. Gheibhear fios ann am bileagan-fiosrachaidh cunnairt a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor a chuidicheas tidsearan am measadh fhèin a dhèanamh.

C Bheil bùth ann?

F Tha bùth ann a reiceas cairtean- puist, leabhair-treòir is cuimhneachain.

A'Tadhail Caisteal an Dùin

Tadhail ro-làimh: Molamaid gu mòr gun tadhail tidsearan saor 's an asgaidh air a' chaisteal agus a bhith eòlach air an làraich agus air na cunnartan mun tig buidheann.

Ga chur air dòigh: Cuir fòn gu 01786 841742 gus turas a chur air dòigh, na feuman agad a chur an cèill agus uairean-fosglaidh fhaighinn on Stiùbhard. Tha an caisteal fosgailte fad na bliadhna.

Luchd-Treòir Òg Caisteal an Dùin: Fo sgèith sgeama sònraichte fhuair sgoilearan à Bun-sgoil an Dùin trèanadh mar Threòirichean Òga do bhuidhnean sgoile. Faighnich 's tu a' cur turas air dòigh.

Cosgais: Tha e saor 's an asgaidh do bhuidhnean foghlaim is sgoile. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu cò gheibh ann gun chosgais air làrach-lìn Ionad Foghlam Alba Aosmhor (faic shìos).

Àite: Ann am Baile an Dùin, deich mìle an iar-thuath air Sruighlea far an A84.

Parcadh: Tha ionad-parcaidh faisg air a' chaisteal.

Slàinte 's Sàbhailteachd: Cum aire air na leanas:

- Bu chòir sgoilearan a bhith fo stiùir fad na h-ùine. Tha cuid de na bruthaichean cas agus tha an caisteal faisg air an abhainn.
- Na streapadh sgoilearan air na ballachan.
- Agus sinn dìleas don Turasachd Uaine, iarramaid gun tugar sgudal sam bith air ais don sgoil.

Ionad-Foghlam Alba Aosmhor:

Airson barrachd fiosrachaidh air turasan, gnìomhan is goireasan don luchd-teagaisg a tha ceangailte ri Caisteal an Dùin, tadhail:

www.historic-scotland.gov.uk

Goireasan eile

Don luchd-teagaisg:

Doreen Grove *Doune Castle Alba Aosmhor* 1995. An leabhar-treòir oifigeil, a' toirt barrachd fiosrachaidh mu ailtreachd is eachdraidh na làraich.

Foghlam Alba Aosmhor *Investigating Medieval Castles in Scotland*, Alba Aosmhor 2005 Leabhraan feumail ga chur ri chèile don luchd-teagaisg le tòrr cùl-fhiosrachaidh mu bheatha ann an caisteal is molaidhean gu gnìomhan sgoile.

Chris Tabraham *Scottish Castles and Fortifications Alba Aosmhor* 2000.

www.undiscoveredscotland.co.uk/doune/dounecastle/ Tha dealbhan àlainn agus deagh chur-sìos air eachdraidh air an làrach-sa.

Gu sgoilearan:

Deary, *Horrible Histories: Bloody Scotland* Scholastic 1998.

Phil Roxbee Cox *What were Castles For?* Foillseachadh Usborne Earranta 2002.

www.nationalgeographic.com/castles/enter.htm | Rannsaich caisteal-mas-fhior.

<http://home.freeuk.net/elloughton13/castle1.htm> Stòras math dhealbhan de bheatha sa chaisteal a ghabhas luchdachadh a-nuas.

http://kotn.ntu.ac.uk/castle/castl_fm.html Gnìomhan air-loidhne atha stèidhichte air Caisteal Nottingham.

www.bbc.co.uk/scotland/education/as/burghlife/ Rannsaich beatha baile an 16mh linn ann an Alba.

Aitheantas

Dealbhan: Dealbhan uile © a' Chrùin, còraichean aig Alba Aosmhor

Teacs: Elspeth Mackay

Deasaiche an t-Sreath: Sue Mitchell

Deargadh: N&EInteractive

Leagan a-mach is clò-bhualadh: The House

Le taing mhòr a thaobh oidhirpean pearsanta fa leth gu Chris Tabraham agus Luchd-obrach Seirbheisean Tadhail aig Caisteal an Dùin.